



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®

CUAIRT-LITIR



Facal Bho Comataidh Ionadail Mòd Ghlaschu

Tha sinn dìreach air a dhol seachad air sia mìosan gu Mòd Nàiseanta Rìoghail Ghlaschu 2026. Nach e an ùine a th'air ruith oirnn!

Tha an comataidh ionadail air a bhith ag obair cruaidh a' cuir cuisean gu dol airson fàilte bhlath chrìdeil a chuir air daoine anns an Dàmhair seo tighinn.

Ann an co-bhànn le luchd obrach A' Chomuinn Ghàidhealaich, tha sinn a cuir tallaichean air doigh, a ceannach "merch" airson a reic. Chì sibh gu h-ìosal cuid dheth na th'againn. Nach cuir sibh fios ma tha sibh ag iarraidh rud sam bith!

Agus tha sinn a smaoinichadh air co 's urra dhuinn ar cuideachadh troimhn' t-seachdainn. Ma tha sibh airson ar cuideachadh, feuch an cuir sibh fios gu fios@modghlaschu2026.org le na laithean is urra dhuibh ar cuideachadh! Bi sinn a deanamh fuigair ribh!

Bha Cèilidh Teaghlaich againn air 24mh Giblean – agus abair gu robh e soirbheachail. Chithear gu h-ìosal blasad dheth na bha dol.

Air 14mh Cèitean – tha Farpais Ceist againn. Feuch an tig sibh ann ma tha sibh ann an Glaschu agus cuir air eanchainn gu dol. Bi Coinneach Combe os cionn gnothaichean!

Air an 6mh Òg mhìos tha sinn gu bhith a' blasad mòran de Shineabhar neo Gins! Abair feasgair math a bhios againn. Feuch gun ceannaich sibh tiocaidean – chaneil an t-uamhas dhuibh ann!

Agus tha dha neo trì rudan mòr eile againn ri innse dhuibh anns na seachdainnean ri tighinn! Cum cluais ri claisneachd!

D-I MacIlleDhuinn
Neach-gairm





Message from the Glasgow Local Organising Committee

We've just passed the six-month mark until Glasgow Royal National Mòd 2026 – how time is flying!

The local committee has been working hard to get everything ready to give everyone a warm and heartfelt welcome this coming October.

In partnership with the team at An Comunn Gàidhealach, we are organising venues and getting merchandise ready to sell. See below for a sample of what we have – let us know if you'd like anything!

We're also thinking about who might be able to help us throughout the week. If you're interested in volunteering, please get in touch at fios@modghlaschu2026.org and let us know which days you're available – we'd love to hear from you!

We held a family ceilidh on 24 April – and it was a great success.

On 14th May, we will be hosting a quiz night – come along if you're in Glasgow and put your brain to the test! The event will be led by Coinneach Combe.

On 6th June, we'll be sampling a range of schnapps – or gins! It's set to be a great evening. Be sure to grab your tickets – there aren't many left!

And we've got two or three more big announcements to share with you in the coming weeks... stay tuned!

D-I Brown, Convener

MÒD GHLASCHU GLASGOW MÒD 2026
9-17 October

FARPAIS-CHEIST | QUIZ NIGHT

BÀR A' PHÀIRC, GLASCHU | THE PARK BAR, GLASGOW SRÀID EARRA-GHÀIDHEAL | ARGYLE STREET

A' TOGAIL AIRGID AIRSON MÒD NAISEANTA RÌOCHAIL GHLASCHU FUNDRAISING FOR GLASGOW ROYAL NATIONAL MÒD

ES GACH NEACH, GABHAIDH SGIÒBAIDHEAN A CHUR AIR DÒIGH AIR AN OIÐHCHE ES PER PERSON, TEAMS CAN BE ALLOCATED ON THE NIGHT

DUAISEAN BHON' PHÀRC BÀR | PRIZES DONATED BY THE PARK BAR

DIARDAIN 14MH AN CÈITEAN THURSDAY 14TH MAY 7.30F | 7.30PM

BLASAD SINEABHAR! GIN TASTING!

DISATHAIRNE / SATURDAY 6MH AN T-OGMHIOS / 6TH JUNE

SINEABHAR BHO | GIN FROM:

- DOWNPOUR
- ISLE OF LEWIS GIN
- LUSSA GIN
- TYREE GIN
- ISLE OF BARRA GIN
- MISTY ISLE GIN

E25 GACH NEACH / PER PERSON

TIOCAIDEAN AIG | TICKETS AT: BUYTICKETS.AT/MODGHLASCHU2026/2171855

A togail airgid airson Mod Naiseanta Rìoghail Ghlaschu 2026

BHO / FROM: 14:00 - 18:00

TAIGH-OSTA MALDRON 50 SRÀID RENFEW, GLASCHU

MALDRON HOTEL 50 RENFEW ST, GLASGOW

MÒD GHLASCHU GLASGOW MÒD 2026 9-17 October

[Tickets Here!](#)



FACAL BHO ALISON DHÒMHNALLACH

Thill mi dhan sgioba mar Manaidsear na h-Oifis san Dùbhlachd 2025, agus tha e air a bhith na thoileachas dhomh a bhith air ais ag obair còmhla ri co-obraichean aig A' Chomunn, na stiùirichean agus an luchd saor-thoilich dìcheallach againn, agus sinn ag ullachadh airson Mòd trang eile.

Tha na mìosan a dh' fhalbh air a bhith trang ach tlachdmhor. Anns a' Mhàrt, thug ar Coinneamh Bhliadhnail, Trèanadh Bhrìtheamhan agus Co-labhairt nam Mòdan Ionadail còmhla com-pàirtichean bho air feadh na h-Alba – deagh chothrom coinneachadh ri aghaidhean ùr agus ceangal a dhèanamh a-rithist ri feadhainn air an robh sinn eòlach mu thràth.

Le ceann-latha nan tagraidhean airson a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a' tighinn faisg, tha sinn a-nis a' coimhead air adhart ri samhradh trang. Tha mi a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith a' toirt taic don Chomunn agus sinn ag obair a dh'ionnsaigh Mòd beòthail agus soirbheachail eile ann an Glaschu san Dàmhair.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur faicinn ann!

MESSAGE FROM ALISON MACDONALD

I re-joined the team as Office Manager in December 2025 and it's been a pleasure to be back working with colleagues at An Comunn, along with our Board and dedicated volunteers, as we prepare for another busy Mòd.

The past few months have been both busy and enjoyable. In March, our Annual General Meeting, Adjudicator Training and Local Mòd Conference brought together colleagues from across Scotland – a great chance to meet new faces and reconnect with familiar ones.

With the Royal National Mòd entry deadline approaching, we're now looking ahead to a busy summer. I'm very much looking forward to supporting An Comunn as we build towards what promises to be another lively and successful Mòd in Glasgow this October.

We can't wait to see you all there!



2026
9-17 October



AM MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL 2026 - CLÀRAIDHEAN FOSGAILTE!

Tha clàraidhean **fosgailte** airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna-sa, agus tha sinn a' toirt cuireadh do farpaisich de gach aois agus comas pàirt a ghabhail ann!

Le prògram farsaing de dh'fharpaisean, tha cothroman ann dhan a h-uile duine. Tha measgachadh de na farpaisean a leanas againn:

- Farpaisean aon-neach
- Farpaisean còisir is còmhlan
- Farpaisean ionnsramaid
- Farpaisean litreachais, meadhanan agus ealain a ghabhas dèanamh aig an taigh air thoiseach air a' Mhòd

Tha sinn a' cur fàilte air clann agus inbhich, fileantaich agus luchd-ionnsachaidh le chèile. Ge bith dè an ùidh no an t-eòlas a th' agad, tha fàilte bhlàth chridheil oirbh uile chun a' Mhòd!

Clàraibh aig: <https://enter.ancomunn.co.uk/>
Ceann-làtha: 31 May



ROYAL NATIONAL MÒD 2026 - ENTRIES OPEN!

Entries are **open** for this year's Royal National Mòd, and we're inviting participants of all ages and abilities to get involved!

With an extensive programme of competitions, there are opportunities for everyone.

Our competitions include:

- Solo competitions
- Choral and group competitions
- Instrumental competitions
- Literature, media and art competitions that can be completed at home in advance of the Mòd

We welcome children and adults, fluent Gaelic speakers and learners alike. Whatever your interest or experience, there's a place for you at the Mòd!

We encourage you to share this opportunity with friends, family, schools, and community groups who may be interested in taking part.

Join us in celebrating Gaelic culture and talent at the Royal National Mòd 2026!

**ENTER
HERE!**

FIOSRACHADH

* CUDROMACH



CEANN-LATHA CLÀRAIDH
ENTRY DEADLINE:

31 CÈITEAN
31 MAY

CHA GHABHAR INNTRIGIDHEAN AS DÈIDH 31 CÈITEAN

ENTRIES WILL NOT BE ACCEPTED AFTER 31 MAY

www.ancomunn.co.uk



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®



MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD
Buidheann na h-Èidealla • The Heart of Gaelic Scotland

2026
9-17 October

PRÌOMH FHARPAISEAN AON-NEACH

Tha farpaisean nam Bonn Òir, Bonn Òir an t-Seann Nòs agus an Aigeallan Airgid aig cridhe a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Eadar gu bheil sibh eòlach air a bhith a' farpais aig a' Mhòd no ma tha sibh a' smaoinichadh air gabhail pàirt airson a' chiad uair, chòrdadh e gu mòr rinn fàilte a chur oirbh ann an Glaschu san Dàmhair!

**Clàraibh aig: <https://enter.ancomunn.co.uk/>
Ceann-là: 31 May 2026.**



PREMIER SOLO COMPETITIONS

The Gold Medal, Traditional Gold Medal, and Silver Pendant competitions are at the very heart of the Royal National Mòd.

Whether you're an experienced Mòd competitor or are thinking about entering for the first time, we'd love you to join us in Glasgow this October!

**Enter at: <https://enter.ancomunn.co.uk/>
Entry Deadline: 31 May 2026.**



NEACH-CIÙIL!

Am bidh sibh a' cluich ionnsramaid? Eadar gu bheil sibh eòlach air àrd-ùrlar a' Mhòid no a' smaoinichadh air pàirt a ghabhail airson a' chiad uair, tha fàilte oirbh chun a' Mhòd!

Bho phuirt thraidiseanta gu stoidhlichean ùra, tha sinn a' cur fàilte air cluicheadairean de gach ìre:

- Luchd-ciùil adhartach deiseil gus na sgilean aca a thaisbeanadh
- Farpaisich ùr a tha airson a' chiad ceum a ghabhail aig Mòd
- Cluicheadairean aon-neach agus buidhnean le chèile

Chan eil dad coltach ri bhith a' cluich beò air àrd-ùrlar — gu h-àraidh air àrd-ùrlar a' Mhòid!

Ceann-latha clàraidh: 31 Cèitean 2026.

CALLING ALL INSTRUMENTALISTS!

Do you play an instrument? Whether you're a seasoned performer or looking to enter for the very first time, there's a place for you at the Mòd!

From traditional tunes to contemporary flair, our instrumental competitions welcome players of all levels:

- Advanced musicians ready to showcase their skill
- First-time competitors looking to take that exciting first step
- Solo performers and group players alike

There's nothing quite like the buzz of performing live — and the Mòd stage is just the place!

Entry deadline: 31 May 2026.



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®



FARPAISEAN LITREACHAS, EALAIN & MEADHANAN

Tha taghadh farsaing de dh'fharpaisean sgrìobhaidh ri fhaighinn aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail, fosgailte do dh' òigridh agus do dh' inbhich le chèile. Ma tha ùidh agaibh ann an sgrìobhadh no a' cruthachadh postairean ealain, carson nach gabh sibh pàirt? 'S e deagh chothrom a th' ann ur tàlant agus ur sgilean sgrìobhaidh a thaisbeanadh.

A bharrachd air sin, tha farpaisean meadhanan againn cuideachd. Ma tha ùidh agaibh ann a bhith a' cruthachadh filmichean, prògraman rèidio no pod-chraolaidhean, gabhaibh an cothrom seo agus clàraibh an-diugh!

Faodar obair a tha sibh air a chruthachadh mu thràth a chur a-steach cuideachd, mar sin tha e cho furasta 's a ghabhas!

LITERATURE, ART & MEDIA COMPETITIONS

We offer a wide range of writing competitions at the Royal National Mòd, open to both children and adults. If you're interested in writing or creating art posters, why not take part? It's a great opportunity to showcase your talent and writing skills.

In addition, we also have media competitions. If you're interested in creating films, radio programmes or podcasts, we'd love to see your work, enter today!

You can submit something you have already created in class or at home, so taking part is easy!



COGADH NAN CÒMHLAN 2026

Bheil sibh deiseil airson farpais na bliadhna seo? Tha Cogadh nan Còmhlan air ais! Ge bith dè an stòidhle a th' agaibh – tha sinn airson ur cluinntinn!

Clàraibh an diugh!

Ceann-latha Clàraidh: 31 May 2026.

BATTLE OF THE BANDS 2026

Grab your bandmates and tune those instruments – it's time for Battle of the Bands 2026! No matter your style, we want to hear you!

Sign up today!

Entry Deadline: 31 May 2026.



Enter Now!



ACADAMAIDH A' MHÒID

Tha Acadamaidh Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna-sa air tòiseachadh, a' tabhann prògram taice do dhaoine òg ann an sgoiltean air feadh Ghlaschu mar ullachadh airson a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail.

Air a lìbhrigeadh ann an com-pàirteachas eadar An Comunn Gàidhealach, Comhairle Baile Ghlaschu agus Fèisean nan Gàidheal, le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig, tha an iomairt a' toirt seachad teagasg an-asgaidh do sgoilearan tro mheadhan na Gàidhlig sa bhaile.

Tha sgioba deth ochdnar oidean le Gàidhlig ag obair gu dlùth le clann gus misneachd a thoirt dhaibh ann an òrain Ghàidhlig, bàrdachd agus a bhith a' taisbeanadh air àrd-ùrlar, ann an dòigh spòrsail is tarraingeach. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith a' faicinn na sgoilearan seo air an àrd-ùrlar aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

MÒD ACADEMY

This year's Royal National Mòd Academy has now launched, offering a programme of support to young people across Glasgow in the lead-up to the Royal National Mòd.

Delivered in partnership between An Comunn Gàidhealach, Glasgow City Council and Fèisean nan Gàidheal, with funding from Bòrd na Gàidhlig, the initiative provides free, in-school tuition to pupils in Gaelic-medium primary schools in the city.

A team of eight Gaelic-speaking tutors are working directly with children to build confidence in Gaelic song, poetry and performance in a fun and engaging way. We look forward to seeing these youngsters perform on stage at this year's Royal National Mòd.





CUDROMACH

Important Information

CÈITEAN

31
MAY

Siostam clàraidh a' Mhòid a' dùnadh. Cha ghabhar ri inntrigean as dèidh sin.

Mòd entry system will close. No entries will be accepted thereafter.

CÈITEAN

31
MAY

Tha seo a' gabhail a-steach luchd-buannachaidh bho Mhòdan Ionadail a thèid a chumail às dèidh 31d Cèitean.

This includes prize-winners from Local Mòds taking place after 31 May.

CÈITEAN

31
MAY

Feumaidh piosan fèin-roghnaichte a bhi a-staigh agus pàighte tron t-siostam air-loidhne ro 12m 31 Cèitean 2026.

All entries and own-choice music must be submitted and paid for by midnight 31 May 2026.

LÙNASTAL

31
AUGUST

Cha ghabhar ri atharrachadh ri piosan fèin-roghnaichte às dèidh 31d Lùnastal 2026.

Minor changes to own choice pieces will be accepted up until 31st August 2026



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®



MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD
Bàile Mòr nan Gàidheal • The Heart of Gaelic Scotland

www.ancomunn.co.uk



A BHEIL SIBH AIR ÀITE-FUIRICH A CHUR AIR DÒIGH AIRSON A' MHÒD FHATHAST?

Tha prìsean nas ìsle rim faighinn tro ar com-pàirtiche oifigeil, Glasgow Convention Bureau, le taghadh farsaing de thaighean-òsta air feadh a' bhaile.

Glèidhibh tràth—thèid àite fuirich a thoirt seachad mar a thig iartasan a-steach, is tha na prìsean sònraichte rim faighinn gu ruige 28mh Lùnastal 2026.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh gu h-ìosal.

Chan fhaighear na prìsean sònraichte seo ma thèid glèidheadh tro seanalan eile.

Glèidhibh àite [an seo](#).



HAVE YOU BOOKED YOUR MÒD ACCOMMODATION YET?

Discounted accommodation is available through our official partner, Glasgow Convention Bureau, with a wide range of hotels across the city.

Book early—rooms are limited and available until 28th August 2026. Find out more and book via the link below.

Bookings made through other channels won't qualify for discounted rates.

Book your accommodation [here](#).

Book your
accommodation
now!

GLASGOW
CONVENTION
BUREAU



2026
9-17 October

BÀRD A' CHOMUINN

AN COMUNN GÀIDHEALACH BÀRD

Dàn caillte

Chaill mi thu
am badeigin eadar taigh a' Bhucaich
agus an Tobhta Raineach.

Bha thu agam na mo cheann
agus air mo theanga.
Goirid, cruinn, coileanta.
Gach facal agus lide
dìreach mar bu chòir.

'S mi cho cinnteach
gun cumainn grèim ort
gus an ruiginn dhachaigh.

Ach cha do chum.
Chaill mi thu
's gun fiù cuimhne agam
air do chuspair
no do choltas
no do chruth.

*Le Anne Frater
Bàrd a' Chomuinn*



MÒDAN IONADAIL 2026

Local Mòds 2026



27mh - 30mh Cèitean | May | An t-Eilean Sgitheanach

30mh Cèitean | May | Cille Bhrìde an Ear | East Kilbride

30mh Cèitean | May | Dùn Èideann

2mh - 5mh Ògmhios | June | Leòdhas

5mh & 6mh Ògmhios | June | An t-Òban | Oban

6mh Ògmhios | June | Cataibh is Gallaibh

12mh & 13mh Ògmhios | Peairt & Aonghas (Obar Pheallaidh)

12mh & 13mh Ògmhios | June | Glaschu

19mh & 20mh Ògmhios | June | Inbhir Nis

11mh Sultain | September | Moireibh

11mh Sultain | September | Muile

18mh & 19mh Sultain | September | Siorrachd Lannraig a Tuath

19mh Sultain | September | Ìle

26mh Sultain | September | Barraigh is Bhatarsaigh

26mh Sultain | September | Obar Dheathain

www.ancomunn.co.uk





CUIRM LE CÒISIR GHÀIDHLIG SHRUIGHLEA

STIRLING GAELIC CHOIR EVENT

Cuiridh Còisir Ghàidhlig Shruighlea fàilte air còisir à Innis Tìle, Söngfjelagið, air Disathairne 6mh Ògmhios airson cuirm-chiùil air leth ann an Talla Mòr Caisteal Shruighlea. Bidh òrain thraidiseanta is ùr-nodha bhon dà chultar anns a' chuirm-chiùil; cultaran a tha eadar-dhealaichte ach ceangailte ri chèile. Thig na còisirean còmhla gus seinn anns a' Ghàidhlig agus ann an Innis Tìlis. Faodaidh sibh tiogaid(ean) a cheannach air làrach-lìn Àrainneachd Eachdraidheil Alba - tha iad gan reic gu luath!

Tiogaidean rin ceannach [an seo](#).

On Saturday 6th June, Stirling Gaelic Choir is hosting a visiting choir from Iceland, Söngfjelagið, for a spell-binding evening of choral music from two distinct yet connected cultures in the Great Hall at Stirling Castle.

The concert will feature traditional and modern songs from both cultures; the choirs will perform songs from their own repertoires as well as join together to sing in each other's language. Visit the Historic Environment Scotland website to secure your ticket(s) - they are selling fast!

Tickets available [here](#).

SÖNGFJELAGIÐ
FROM ICELAND

Stirling Gaelic Choir

CHORAL
CONNECTIONS:
AN EVENING OF
GAELIC AND
ICELANDIC SONG

STIRLING CASTLE,
SATURDAY 6TH JUNE 2026,
7:15PM (DOORS 6:15PM)

TICKETS AVAILABLE FROM HES
WEBSITE:
HISTORICENVIRONMENT.SCOT/EVENTS

OR FOLLOW THE QR CODE BELOW:

Stirling Gaelic Choir Registered Scottish Charity Number:
SC032700


RAIBEART MACCALUIM

Bha sinn uile cho duilich cluinntinn gun do chaochail Raibeart MacCaluim, sàr-charaid dhan Mhòd.

Bha Raibeart a' frithealadh nam Mòdan airson iomadach bliadhna, mar stiùiriche còisir agus mar bhritheamh. 'B e an àm is fheàrr leis, a bhith a' stiùireadh 'Sìne Bhàn', aig Cruinneachadh nan Còisirean.

Cha bhi am Mòd idir an aon rud gun Raibeart, gu h-àraidh air madainn Disathairne. Bidh ionndrainn mhòr air.

Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlach agus caraidean Raibeart aig an àm duilich seo.



RAIBEART MCCALLUM

We were all deeply saddened to hear of the recent passing of Raibeart MacCaluim, a great friend of the Mòd.

Raibeart attended the Mòd for many years, both as a choir conductor and as an adjudicator. His favourite moment was conducting "Sìne Bhàn" at the Massed Choirs concert – something he took great joy in.

The Mòd will not be the same without Raibeart, especially on Saturday morning at the Massed Choirs. He will be greatly missed.

Our thoughts are with Raibeart's family and friends at this difficult time.





DOMHNALL MACRATH

Bha sinn cuideachd duilich cluinntinn gun do chaochail Dòmhnall MacRath an t-seachdain seo aig aois 84.

'B e seinneadair Gàidhlig air leth a bh' ann an Dòmhnall. 'B ann do sgìre nan Loch ann an Leòdhas a bhuineadh Dòmhnall agus ghluais e an uairsin a Ghlaschu. Chur e seachad moran bhliadhnaichean a' seinn ann an taighean-seinnse an Glaschu gu sònraichte.

Bidh ionndrainn mhòr air Dòmhnall agus an t-seinn aige. Tha sinn a' cuimhneachadh air a theaghlach aig an àm duilich seo.



DONALD MACRAE

We were also saddened to hear of the passing of Donald MacRath this week at the age of 84.

Donald was an outstanding Gaelic singer. He was originally from the district of Lochs in Lewis, from there he moved to Glasgow and spent many years singing in some of the pubs in Glasgow in particular.

Donald and his wonderful singing will be greatly missed. Our thoughts are with his family at this difficult time.



YOUNG COMPOSER AWARD 2026

The Iain Macleòid Young Composer Award is an annual competition named in memory of the Late John Macleod.

Composers between 16 & 30 years of age, including non-harp players, are invited to submit an original piece of music (single movement or suite), 8-10 minutes in length, for either solo clarsach (lever harp) including wire strung harp, or clarsach and up to 3 other instruments and/or voices.

The award is £1000 plus a premiere performance at the [Edinburgh International Harp Festival](#) April 2027!

YOUNG COMPOSER AWARD 2026

The Iain Macleòid Young Composer Award is an annual competition named in memory of the Late John Macleod.

Composers between 16 & 30 years of age, including non-harp players, are invited to submit an original piece of music (single movement or suite), 8-10 minutes in length, for either solo clarsach (lever harp) including wire strung harp, or clarsach and up to 3 other instruments and/or voices.

The award is £1000 plus a premiere performance at the [Edinburgh International Harp Festival](#) April 2027!

CALLING COMPOSERS

Win £1000 and a premiere at the
Edinburgh International
Harp Festival 2027

THE CLARSACH SOCIETY
Comunn na Clarsach

The Iain Macleòid
Young Composer Award
2026

Open call for composers aged 16-30 to present
an original piece of music of 8-10 minutes for
clarsach (lever harp) or wire strung harp

Deadline 1st July 2026 Details at www.clarsachsociety.co.uk

PÌOSAN AINMICHTE ! PRESCRIBED PIECES

Tha pìosan ainmichte Clàrsaich Mòd Nàiseanta Rìoghail Ghlaschu 2026 ri fhaighinn anns a' bhùth againn an seo.

The prescribed pieces for this year's Royal National Mòd Clàrsach competitions are available in our shop. [Click here to purchase.](#)

Prescribed Pieces



ATHARRACHAIDHEAN AIR RIAGHAILTEAN A' MHÒID

Thoiribh sùil air riaghailtean a' Mhòid [an seo](#).

Bu chòrr dhuibh a bhi mothachail gu bheilear air atharrachaidhean a dhèanamh air cuid de na riaghailtean, mar sin dèanaibh cinnteach gun leugh sibh iad air fad air eagal 's gum bi buaidh aca air an fharpais agaibh.

GEARTACHADH AIR ÒRAIN AINMICHTE 2026

Thèid atharrachaidhean ri Earrainnean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2026 a chlàradh air an [larach-lìn](#) againn [an seo](#).

Ma tha ceist sam bith agaibh, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705.

CEÒL MÒD 2026

Gheibhear earrainnean ainmichte agus cèol airson Mòd na bliadhna seo anns a' bhùth againn.

Tha earrainnean bho bliadhnaichean a chaidh seachad an sin cuideachd, a dh' fhaodadh a bhith feumail ma tha sibh a' lorg pìosan fèin-thaghte.

Tha pasgan ann do thidsearan cuideachd leis nam faidhlaichean gu lèir a bhios a dhìth orra. Gheibhear na clàran-èagair agus riaghailtean [an seo](#).

AMENDMENTS TO MÒD RULES

You can view this year's Mòd Rules [here](#).

Please note that some changes have been made to some of the Rules.

Competitors are encouraged to read through them carefully to ensure they are aware of any changes that may affect their competition.

CHANGES TO 2026 PRESCRIBED PIECES

Any amendments to Mod 2026 prescribed pieces can be found on our website [here](#).

Should you have any queries please contact info@ancomunn.co.uk or telephone us on 01463 709 705.

MÒD MUSIC 2026

Set pieces and music for this year's Mòd are available in our shop.

Selections from previous years are also available, which may be useful when looking for own choice pieces.

There is also a teachers' pack containing all required files. Syllabuses and rules can be found [here](#).



CUIR FIOS THUGAINN MU TACHARTASAN

Ma tha tachartasan sam bith gu bhith aig a' chòisir agaibh no ma tha sibh a' cruinneachadh airgead airson a' Mhòid, nach cuir sibh fios thugainn agus sgaoilidh sinn e anns a' chuairt-litir.

Cuir fiosrachadh sam bith gu:
marina@ancomunn.co.uk

TELL US ABOUT AN UPCOMING EVENT

If your choir is having an event, if your school is fundraising to attend the Mòd or if you have any other events coming up, get in touch with us and we can share it in our newsletter.

marina@ancomunn.co.uk

TAING DON LUCHD-TAIC

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt dhan luchd-taic againn. Tha an taic riatanach seo a' ciallachadh gu bheil e comasach dhuinn a bhith a' toirt cànan, ceòl, agus cultar na Gàidhlig còmhla, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an tachartas sònraichte seo a' soirbheachadh agus a' leudachadh gach bliadhna.

A BIG THANK YOU TO OUR SPONSORS

Huge thanks to our sponsors for their support. Their continued support helps us bring together the best of Gaelic language, music, and culture, and ensures that this special event continues to thrive year after year.

LE TAIC BHO WITH SUPPORT FROM






CINN-LATHA MÒDAN RI THIGHINN

9 - 17 Dàmhair 2026 Glaschu
8 - 16 Dàmhair 2027 Eileanan Siar
6 - 14 Dàmhair 2028 An t-Òban

FUTURE MOD DATES

9 - 17 October 2026 Glasgow
8 - 16 October 2027 Western Isles
6 - 14 October 2028 Oban

BÙTH A' CHOMUINN




Tha measgachadh de leabhraichean Gàidhlig, bàrdachd, rosg, deilbh-chluich agus CDs againn anns a' bhùth. Thoiribh sùil air an làrach-lìn againn agus chithear cuid de na tha ri cheannach ann am Bùth a' Chomuinn.

We have a selection of Gaelic books, poetry, prose, plays, children's books, traditional and Scottish music CDs in our shop in Stornoway. Take a look at our website to view a selection of what is available in the An Comunn Gàidhealach Shop.

SUAS GU 10% DHETH | UP TO 10% OFF FOR MEMBERS!

[BUY NOW](#)



Copyright © An Comunn Gàidhealach 2026, All rights reserved.

Aonad 7A
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Want to change how you receive these emails?
You can update your preferences or unsubscribe from this list.
Contact: info@ancomunn.co.uk